

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Bàrr Èibhinn (1)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,254. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 950 corresponds to Litir 1,254. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Faisg air Cùil Lodair, taobh a-muigh Inbhir Nis, tha baile-fearainn air na mapaichean air a bheil 'Blacktown'. Thathar ag ràdh gu bheil an t-ainm na eadar-theangachadh dhen Ghàidhlig 'Am Baile Dubh'. Faisg air a' Bhaile Dhubh bha tobar a bha uaireigin ainmeil. Bha e air na seann mhapaichean aig an t-Suirbhidh Òrdanais agus 's e an t-ainm a bh' air 'Fuaran Mac Bhreac'.

Tha cunntas anns a' Cheltic Magazine ann an ochd ceud deug, seachdad 's a sia (1876) a' mìneachadh an ainm. Bha fear ann uaireigin air an robh 'Mac Bhriachd' mar ainm. 'S iad an t-Suirbhidh Òrdanais a chuir an t-ainm 'Mac Bhreac' air. Co-dhiù, gabhaidh sinn fhèin 'Mac Bhreac' air, a chionn 's gur e sin a th' air na mapaichean.

Bha am fear seo a' fuireach ann am Bàrr Èibhinn air oighreachd Chaladair, beagan mhiltean sear air Cùil Lodair. Bha an taigh aige faisg air tobar às an tigeadh uisge fìorghlan. Bha leac air muin an tobar.

Feumaidh gun deach Mac Bhreac agus an t-uachdaran – Iarla Chaladair – a-mach air a chèile. Chaidh Mac Bhreac a chur às an taigh aige. B' fheudar dha àite-còmhnaidh ùr a lorg dha fhèin. Agus fhuair e sin faisg air Cùil Lodair far nach robh duine a' fuireach aig an àm sin. Cha robh ann ach monadh dìomhain.

Bha làrach an taighe fada os cionn Uisge Narann agus cha robh allt no tobar ann. B' fheudar do Mhac Bhreac falbh sìos don abhainn gach turas a bha uisge a dhìth air. Agus 's e obair throm a bh' ann, a bhith a' giùlan uisge suas am bruthach ann am peilichean gach turas.

Latha a bha seo, **dh'fhalbh e sìos a dh'iarraidh uisge**, ach bha tuil san abhainn. Bha an t-uisge salach. Bha Mac Bhreac air a shàrachadh leis a' ghnathach agus dh'èigh e, 'O! 'S e baile dubh dhòmhsa am baile seo!' Cha robh e toilichte le bhith a' fuireach ann. Co-dhiù, 's ann às a sin a fhuair am baile-fearainn aige an t-ainm 'Am Baile Dubh'.

Lean Mac Bhreac air, 'Ge-tà, bhithinn toilichte gu leòr a bhith a' fuireach an seo nam biodh an tobar agam a bh' agam roimhe **fon lic** ann am Bàrr Èibhinn.' Uill, nuair a bha e a' dìreadh a' bhruthaich a dh'ionnsaigh an taigh aige, air dha sin a ràdh, mhothaich e gun robh fuaran ùr ann faisg air an taigh. Bha an t-uisge fìorghlan. Gu dearbh, bha blas air dìreach mar a bha blas an uisge anns an t-seann tobar aige ann am Bàrr Èibhinn.

Bha muinntir an àite a' gabhail 'Fuaran Mac Bhreac' air an fhuaran. Feumaidh gun robh Mac Bhreac toilichte an uair sin le bhith a' fuireach anns a' Bhaile Dhubh. Agus nuair a chaidh e air ais a thadhal air an t-seann dachaigh aige ann am Bàrr Èibhinn, bha an seann tobar aige air a dhol tioram!

Gu o chionn ghoirid, cha robh mi uabhasach eòlach air Bàrr Èibhinn. Mar sin, chaidh mi a choimhead air. Cha d' fhuair mi lorg air an àite far an robh Mac Bhreac a' fuireach. Ach lorg mi dà rud a bha iongantach – seann eaglais agus clach ainmeil a tha mòr agus trom. Tha a' chlach co-cheangailte ri gnothach gu math olc. Innsidh mi dhuibh mu dheidhinn anns an ath Litir.

* * * * *

Faclan na Litreach: Cùil Lodair: *Culloden*; baile-fearainn: *farm, fermtoun*; uaireigin: *at one time*; Bàrr Èibhinn: *Barevan*; Caisteal Chaladair: *Cawdor Castle*; monadh dìomhain: *an unused upland*; tuil: *a flood*; salach: *dirty*; air a shàrachadh: *fatigued, worn out*; fuaran: *spring*; fìorghlan: *pure*; blas: *taste*.

Abairtean na Litreach: Thathar ag ràdh gu bheil an t-ainm na eadar-theangachadh: *it is said that the name is a translation*; bha e air na seann mhapaichean aig an t-Suirbhìdh Òrdanais: *they were on the old maps of the Ordnance Survey*; co-dhiù, gabhaidh sinn fhèin X air, a chionn 's gur e sin a th' air na mapaichean: *anyway, we'll call him X because that's what's on the maps*; faisg air tobar às an tigeadh uisge fìorghlan: *near a well from which pure water would come*; bha leac air muin an tobair: *there was a flagstone on top of the well*; feumaidh gun deach Mac Bhreac agus an t-uachdaran – Iarla Chaladair – a-mach air a chèile: *Mac Bhreac and the landlord – the Earl of Cawdor – must have fallen out with each other*; chaidh X a chur às an taigh aige: *X was put out of his house*; b' fheudar dha àite-còmhnaidh ùr a lorg dha fhèin: *he had to find a new dwelling place for himself*; bha làrach an taighe fada os cionn Uisge Narann: *the site of the house was far above the River Nairn*; a' giùlan uisge suas am bruthach ann am peilichean gach turas: *carrying water up the slope in pails every time*; 's e baile dubh dhòmhsa am baile seo: *this 'town' is a 'black town' to me*; a' dìreadh a' bhruthaich a dh'ionnsaigh an taigh aige: *ascending the slope towards his house*; air dha sin a ràdh: *after him saying that*; nuair a chaidh e air ais a thadhal air an t-seann dachaigh aige: *when he went back to visit his old house*; bha an seann tobar aige air a dhol tioram: *his old well had gone dry*; co-cheangailte ri gnothach gu math olc: *connected to a very evil practice*.

Puing-chànain na Litreach: nam biodh an tobar agam a bh' agam roimhe **fon lic** ann am Bàrr Èibhinn: *if I had the well that I had before **under the flagstone** in Barevan. Leac is a feminine noun. It thus traditionally slenderises in the singular dative or prepositional case where an article is present. Thus, rather than fon leac, we say fon lic.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: dh'fhalbh e sìos a dh'iarraidh uisge: *he went down to fetch water.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA